

Mo chorragan

C23

Na facail le Criosaidh NicÌomhair

Am fonn le Anna NicIlleDhuinn

Gleus D

1. Seall air mo chorr-ag - an còig dhiubh air gach làmh.

3
Trang, trang an - còmh-naidh 'ad, gun 'ad uair sam bith nan tàmh.

2. Ithidh mi mo bhiadh leotha
is cluichidh mi air ceòl,
Sgrìobhaidh mi gu sgiobalta
ni mi dealbhan dhe gach seòrs'.
3. Ceanglaidh mi mo bharrallan,
dùinidh mi mo chòt',
Nì mi bàlla sneachda leoth'
ged a bhiodh iad reòht'.
4. Cunntaidh mi air falach iad,
chan fhaic an tidsear iad,
'S gheibh mi ceart na cuisteanan -
nach bochd nach robh orm ceud!

Gaelic stresses and vowel values take precedence